



## Tiotal: Pornografachd

### Pàirt 2: Dè an trioblaid?

Ìre: ÀRD

Ceanglan CfE

A thaobh a' Churraicealam airson Sàr mhathas tha an ire seo a' leudachadh agus a' cur ris na chaidh ionnsachadh aig a Cheathramh ìre

Eòlasan agus builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a' tuigsinn gum faod cumhachd a bhith an taobh a-staigh dhàimhean agus gum faod sin a bhith air a chleachdadh ann an dòigh mhath cho math ri dòigh dhona. HWB 4-45a</p> <p>Tha fios agam gum faod cultar cumanta an latha an-diugh, na meadhanan agus beachdan mo cho-aoisean buaidh a thoirt air mar a tha mi a' faireachdainn mum dheidhinn fhìn agus a' bhuaidh a dh'fhaodas a bhith aig seo air mo dhol-amadhhab 4-46b</p>	<ul style="list-style-type: none"><li>A' dèanamh sgaradh eadar cumhachd agus mì-fheum cumhachd ann an dàimhean, mar eisimpleir, spèis, earbsa, fòirneadh, aonta.</li><li>A' mìneachadh mar a bheir iomhaigh bodhaig dheimhinneach agus neo-dheimhinneach buaidh air slàinte, fèin-luach agus giùlan, mar eisimpleir, fèin-luach, dùilean gniomhachas a' bhòidhchead, leasachadh bodhaig.</li><li>A' dèanamh measadh air mar a tha na meadhanan, a' gabhail a-steach nam meadhanan sòisealta agus pornografachd a' toirt buaidh air slàinte bodhaig agus slàinte inntinn.</li></ul>

### Amasan Ionnsachaidh

- Gun aithnich daoin' òga a' bhuaidh a th' aig pornografachd air fèin-iomhaigh, roghainnean agus dol-a-mach.
- Gun ionnsaich daoin' òga gur e gniomhachas cruinneil a th' ann am pornografachd.
- Gu bheil pornografachd air fhaicinn mar rud a tha a' dèanamh mì-chleachdadh air daoine, gan gortachadh agus gan dubh-shaothrachadh.
- Gun tuig daoin' òga gu bheil roghainnean aca agus gum faod iad taghadh gun a bhith a' coimhead pornografachd.
- Gum meòraich daoin' òga air a' bhuaidh a tha an lùib a bhith a' coimhead cus pornografachd air beachdan agus air leasachadh eanchaill.
- Gun smaoinich daoin' òga mum beachdan air pornografachd ann an dòigh sgrùdach.

### Slatan-tomhais soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh cunntas a thoirt air a bhuaidh a dh'fhaodas a bhith aig eòlas air pornagrafaidh air an neach fa leth.
- 'S urrainn dhomh mìneachadh gu bheil giùlan a dh'fhaodas a bhith fòirneartach no a' cur sìos air neach an lùib pornagrafaidh agus nach eil an giùlan sin iomchaidh ann an dàimhean fior.
- Tha mi a' tuigsinn an lagh air pornagrafaidh.
- 'S urrainn dhomh mo bheachdan fhìn air pornagrafaidh a chur an cèill.

### Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Porn sex vs real sex: The differences explained with food* <https://vimeo.com/71729262> (faid 1 mhion. 45) Tha am film seo èibhinn 's dìreach agus tha e a' cur taic ri lìbhrigeadh prìomh theachdaireachdan mu phornografaidh. Ged a tha e dìreach, cuimhnich gum bi daoin' òga air porn

fhaicinn's mar sin tuigidh iad cleachdadhbh eirmseachd airson a' phuing mu na tha fior an aghaidh pornografachd a dhèanamh.

- *Brain* <https://vimeo.com/27601545> (faid 4 mion. 50)
- *Fight the New Drug: A Movement for Love* <https://youtu.be/VHPTV1OLkss> (faid 2 mhion. 53)
- OnlyFans <https://en.wikipedia.org/wiki/OnlyFans>

*Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadhbh cuiribh an bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.*

## Obair

1. Tòisich le ruith thairis aithghearr de na tha cuimhn' aig na daoin' òga air bhon t-seisean mu dheireadh. Seall an slaighd '**Tha porn anns gach àite/Porn is everywhere**' agus faighnich am faca neach sam bith no an tug iad an aire do ìomhighean pornografach sna lathaichean/an t-seachdain a chaidh seachad. Mar thidsear/neach-teagaisg, inns mu rud sam bith dhan tug thu an aire. Inns co-dhiu a than a daoin' oga a' creidsinn gu bheil "porn air feadh an àite" no nach eil – tha e gun teagamh gu math bitheanta, bidh iad air sin aithneachadh a-nis. Inns, bhon a tha porn a-nis cho pailt, cho furasta fhaighinn, gu bheil tuilleadh 's tuilleadh rannsachadh ga dhèanamh air agus gu bheil tuilleadh 's tuilleadh èirigh na aghaidh.
2. Mar sin, tha bun-bheachd an leasain an diugh ri lorg san aithris seo bho Maya Angelou – seall an slaighd – inns gum bi feadhainn de na priomh dhraghan mu pornografachd air an sealltainn airson deasbad – 4 gu lèir. Èist ri beadhachdan sam bith, can gun till sibh thuige: "**If you don't like something, change it. If you can't change it, change your attitude.**" "**Mura toigh leat rud, atharraich e. Mura h-urrainn dhut atharrachadh atharraich do bheachd.**" Maya Angelou
3. **Trioblaid 1: Porn agus fiorachd**  
Seall an slaighd. Chaidh seo a stèidheachadh san t-seisean mu dheireadh. Às deidh a leughadh faighnich: a bheil na daoin' òga ag aontachadh?

### Trioblaid 1: Porn agus fiorachd

'S e fantasachd a th' ann am pornografachd, 's chan eil e fior-riochdail. Chan eil bodhaigean fior-riochdail aig na daoine a chì sinn ann am porn. Faodaidh porn gnìomhan anabarrach agus neo-chumanta a shealltainn. Cha bhith e a' sealltainn an seòrsa feise a bhios a' còrdadh ri daoine san àbhaist.

Seall am film: **Porn sex vs real sex: The differences explained with food**

<https://vimeo.com/71729262> (faid 1 mion. 45) Dùisgidh am film beachdan agus gàireachdann – ach dè tha daoin' òga a' smaoineachadh de na teachdaireachdan?

4. **Trioblaid 2: Tha feise da-rìreabh mu spèis fheiseil/Tha feise porn mu bhith a' faicinn neach mar rud feiseil**  
Seall na slaghdean. Tha tòrr teacsa air an slaighd mar sin cuiribh seachad ùine ga leughadh còmhla. Dèan cinnteach à tuigse agus dèan sgrùdadh sa chlas/bhudheann air ciad bheachdan mun slaighd. Cuideachd faighnich: *Nuair a thathas a-mach air porn, agus a' smaoineachadh mu fhireannaich agus boireannaich, a bheil thu a' smaoineachadh gu bheilear gam faicinn mar rudan seach daoine san aon dòigh no a bheil e eadar-dhealaichte?*

<b>Tha feise da-rìreabh mu spèis fheiseil</b> Bidh an dà chèile comasach air na faireachdainnean aca a chur an cèill agus spèis a thoirt do chriosan pearsanta a chèile mu fheise. Ann an dàimh feiseil fallain bidh cèile a' toirt spèis dha na co- dhùnaidhean agad a thaobh na
---

<b>Tha feise porn mu bhith a' faicinn neach mar rud feiseil</b> Tha feise porn a' ciallachadh làimhseachadh neach mar rud toileachais feiseil. Tha seo a' ciallachadh gur e bathar no nì a th' ann an neach. Chan eil urrum sam bith aca. Chan eil annta ach bodhaig agus pàirtean bodhaig, airson coimhead orra no
--

gniomhan feise ann a tha thu deònach a bhith ris. Faodaidh tu co-dhùnadh nach eil thu ag iarraidh feise. Tha e cuideachd a' gabhail a-steach a bhith a' toirt urram do bhodhaig cèile agus a' cleachdadh casg-gin no condoman mar a thogras sibh.	suathadh riutha. Aon uair 's gu bheil a' bhodhaig air fhaicinn mar rud feiseil, thathas ma mheasadh a rèir coltas no na ghabhas dèanamh ris a thaobh feise. An uair sin thathas a' làimhseachadh na bodhaig/pàirt bodhaig mar nach eil e ann ach airson daoine eile a chleachdadh.
---	--

## 5. Trioblaid 3: Porn agus an eanchainn

Inns gu bheil tòrr rannsachadh ga dhèanamh an dràsta mun bhuaidh a th' aig porn air an eanchainn. Daingnich, *mar a bhios fios aig na daoin' òga, gur iadsan a' chiad ghinealach aig a bheil cothrom air uidhir a phorn* – mar sin 's i a' cheist *ma bhios tu ga choimhead, a bheil e ag atharrachadh barrachd 's do bheachdan air feise, a bheil e ag atharrachdh d' eanchainn?* Eist ri ciad bheachdan sam bith, an uair sin seall am film, faigh beachdan. **How Porn Affects the Brain** <https://vimeo.com/27601545> (faid 4 mion. 50) Èist ri beachdan no smuaintean sam bith, an uair sin seall na 3 slaighdean airson na prìomh phuingean a dhaingneachadh, bronaich còmhradh mar a tha sibh a' dol air adhart.

### Dè bhuaidh a th' aig porn air an eanchainn?

- Mar neach òg tha d' eanchainn fhathast ag adhartachadh, bidh coimhead cus porn – mar sin a' coimhead tòrr porn – a' dèanamh milleadh beachd neachd air dàimh fheiseil fhallain. Bidh fir òga air a bheil iomagain mu na bhios iad a' coimhead de phorn ag ràdh gu bheil "an sgriopt" daonann a' cluich nan inntinn nuair a tha iad còmhla ri cèile.
- Mura h-eil ìomhaigh no sealladh a' toirt brodadhbh gu leòr do neach a tha a' coimhead tòrr porn bidh iad a' coimhead airson rudan eadar-dhealaichte, rudan iongantach sna stuthan, stuth nas *hardcore* agus rud nas iongantach, rud sam bith nach fhaca iad gus gum bi orgasm aca. 'S e aon bhuaidh gu bheil cuid de eanchainnean gan 'ùewireadh' às ùr ann an dòigh didseatach airson 's gu bheil iad an còmhnaidh a' sireadh atharrachadh, brosnachadh agus brodadhbh gun sguir.
- Feumaidh daoine a bhios a' coimhead porn am putan 'reset' a phutadh agus sguir a choimhead porn airson dha no thrì mhìosan. Leis an fhirinn innse, ged nach biodh neach a' smaoineachadh gu bheil duilgheadas aca, 's dòcha gum feuch ri sgur a choimhead porn dìreach airson fhaicinn an urrainn dhaibh.

(Tùs: [https://www.skeptic.com/reading\\_room/how-porn-is-messing-with-your-manhood/](https://www.skeptic.com/reading_room/how-porn-is-messing-with-your-manhood/))

## 6. Trioblaid 4: Pornografachd mar mhodail gniomhachais a tha a' sìor leasachadh: Cùis OnlyFans

- *Beagan co-theacs do luchd-foghlaim mus seallar an slaighd airson deasbad:* San t-seisean mu dheireadh b' e aon de na pìosan fiosrachaидh gu bheil luach de \$100m sa bhliadhna aig a' ghnìomhachas. Mar ghnìomhachas tha e airson a' mhargaidh fhàs airson 's gum bi meadhanan ùr a' nochdadhbh fad na h-ùine. Tha draghan air a bhith ann bho chionn ghoirid mu stuthan feiseil air OnlyFans <https://en.wikipedia.org/wiki/OnlyFans>. 'S dòcha gum bi daoin' òga sa chlas a' cleachdadh na làraich airson stuthan mar leasannan maise-gnùis no eacarsaich, ach tha cunnart ann gum faic iad pornografachd no gum bi daoin' òga air am brosnachadh gus stuthan a chruthachadh a tha no a dh'fhàsas nas feiseil. Faodaidh tu an slaighd a chleachdadhbh gus còmhradh a bhrosnachadh mun mheadhan car ùr seo, pornografachd mar ghnìomhachas agus cunnartan a tha an lùib cho furasta 's a tha e stuthan a chruthachadh agus fhaicinn a than a phornografachd.

Thoir a-steach cuspair OnlyFans. Faighnich a bheil neach sam bith airson innse: Cò a tha na bhall? Dè bhios sibh a' coimhead? An robh fios agaibh gun robh còir agaibh a bhith 18? Seall an slaighd agus brosnaich còmhradh:

#### **Trioblaid 4: Pornografachd mar mhodail gnìomhachais a tha a' sìor leasachadh: Cùis OnlyFans**

- Tha rud a thòisich mar dhòigh do dhaoine na chruthaich no na rinn iad a shealltainn air a dhol na àite far a bheil stuathan drabasta gan reic.
- Tha draghan ann gum faod daoin' òga a bhith air am mealladh gus stuthan a tha feiseil a chruthachadh.
- Faoaidh luchd-cruthachaidh air OnlyFans a bhith air am putadh gus a bhith nas drabasta no barrachd riosgan a ghabhail.
- Faodar dearbh-aithne a nochdad, chan eil gealltanach sam bith ann nach tèid rud sam bith a thèid a phostadh a sgaoileadh agus tha e do-dhèanta a thoirt far an eadar-lìn gu tur.
- Tha luchd-cruthachaidh soirbheachail OnlyFan a-nis a' reic iùil 'how to' agus ag ràdh gu bheil ceudan de nigheanan aca (mòran dhiubh fo aois) a' cur theachdaireachdan thuca air-loidhne airson comhairle air mar a thòisicheas iad.

7. **Gluasad shòisealta air Porn.** Tha an slaighd a' sealltainn abairt Maya Angelou a-rithist. Mìnich gu bheil cuid de dhaoine a' feuchainn ri atharrachadh a dhèanamh air mar a tha dhaoine òga a' smaoineachadh air pornografachd agus toirt orra smaoineachadh air mar a bhios iad ga chleachdad. Is e aon eisimpleir gluasad cruinneil ris an canar *Fight the New Drug*. Chan eil ann ach eisimpleir de dh'iomairt air pornografachd, ach coimheadaibh am film goirid *Fight the New Drug: A Movement for Love* agus brosnaich còmhradh (a' toirt a-steach an loidhne taga #PornKillsLove) <https://youtu.be/VHPTV1OLkss> (faid 2 mionaidean 53 )
8. **Porn – an deasbad.** San ùine a th' agaibh air fhàgail brosnaich còmhradh, a' smaoineachadh air an raon seo, dè a' bheachd a th' aig na daoin' òga? Dh'fhaodadh na daoin' òga seasamh air loidhne agus deasbad a dhèanamh bhon àite sin. An uair sin às deidh èisteachd ri beachdan, cur romhpa fuireach san aon àite no am beachd atharrachadh.

#### **PORN Spòrs gun chron ----- PORN Cronail dha na h-uile**

9. **Airson criochnachadh**, brosnaich na daoin' òga gus smaoineachadh mu na tha iad da-rìreabh a' smaoineachadh mu phornografachd, agus gur co-dhùnaidhean a' ruighinn mun bhuidh a th' aige air beatha dhaoine san àbhaist agus air dàimhean.

#### **Stuthan a bharrachd:**

Dh'faodar na h-abairtean seo a chleachdad gus bruidhinn mu phornografachd:

- Tha pornografachd mu fhòirneart agus mu bhith a' cleachdad feise mar armachd – san aon dòigh 's a tha sinn air tuigsinn gu bheil èigneachadh mu fhoirneart 's nach ann mu fheisealachd idir. "*Pornography is about power and sex-as-weapon – in the same way we have come to understand that rape is about violence and not really about sexuality at all*". Gloria Steinem (writer/ ùghdar)

- Chan eil urram aig neach nuair a tha an taobh daonna air a thoirt bhuapa. San aithghearrachd chan e an duilgheadas le porn gu bheil e a' sealltainn cus de neach ach nach eil e a' sealltainn gu leòr.  
*"There is no dignity when the human dimension is eliminated from the person. In short, the problem with pornography is not that it shows too much of the person, but that it shows far too little."* Pope John Paul II
- Chan eil cleachdadadh porn a' ciallachadh barrachd feise, tha e a' ciallachadh barrachd porn. San aon dòigh sa bhios ag ithe MacDonalds gach latha gad dhèanamh eòlach air biadh nach eil na bhiadh ceart (ged a tha e a' còrdadh leinn), tha pornografachd ag ionnsachadh no neach a bhith riaraichte le beachd air feise anabarrach seach an rud fior.  
*"Consuming pornography does not lead to more sex, it leads to more porn. Much like eating McDonalds everyday will accustom you to food that (although enjoyable) is essentially not food, pornography conditions the consumer to being satisfied with an impression of extreme sex rather than the real."* Virginie Despentes (Ùghdar)

Faodaidh na goireasan seo ionnsachadh a leudachdh:

- Tha *Edinburgh Rape Crisis Centre* air goireas a chruthachadh air a bheil an t-ainm 'What Do You Think'. Tha an goireas air a dhealbh do dhaoine a tha ag obair còmhla ri daoin' òga gus an cuideachadh a' stiùireadh agus a' leudachadh air còmhraidhean mun bhuaidh, a' togail air agallamh le boireannach de 16 bliadhna a dh'aois a tha a' toirt cunntas air a beachdan air buaidh pornografachd air daoin' òga: <http://www.ercc.scot/what-do-you-think/>
- **Sex Sells, But In Today's Porn Culture, Sexual Violence Sells More.** Tha an t-artaigil (September 2020) a' soillseachadh rannsachadh nodha air mar a tha pornografachd a' cur ri agus a' ceadachadh fòirneart, gu h-àraid an aghaidh bhoireannaich. <https://fightthenewdrug.org/in-todays-porn-culture-objectification-and-dehumanization-sell-more/>
- **Growing up in a pornified culture** a TedX <https://www.youtube.com/watch?v= YpHNImNsx8> (13 mion. 47) Dr Gail Dines, buannaiche am Myers Center Award for the Study of Human Rights in North America, ollamh eòlas sòisealta agus sgrùdadadh bhoireannach, agus neach-sgrùdaidh 's ùghdar, a' sgrùdadadh mar a tha fireannachd agus boireannachd air an dealbhadh le ìomhaighean pòrnografach a' tha a' dòrtadh a-stean dh ana saoghal phriobhaideach againn.
- **Why I stopped watching porn** (2013) [https://youtu.be/gRJ\\_QfP2mhU](https://youtu.be/gRJ_QfP2mhU) (15 mion. 57) Bidh Ran Gavrieli a' sgrìobhadh agus a' libhrigeadh òraidean mu fheise faireachail agus sàbhailte; porn agus croran cultarai; gnè agus dàimhean cumhachd; agus feise agus dlùth-eòlas. San òraid TED seo, tha Ran a' mìneachadh carson a chur e roimhe sgur a choimhead porn.

## Nòtaichean Tidseir